

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh bho Chomhairle na Gàidhealtachd gus sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; Bun-sgoil Inbhir Pheofharain; Bun-sgoil Bruach na Muilne, Inbhir Narann; Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis , Acadamaidh Inbhir Pheofharain; agus Acadamaidh Inbhir Narainn.

An t-Samhain 2023

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir cumhaichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“an Achd 2010”). ’S e adhbhar na h-aithisge seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a lìbhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd airson sgìrean-sgoile Foghlam Meadhan Gàidhlig a stèidheachadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis; Bun-sgoil Inbhir Pheofharain; Bun-sgoil Bruach na Muilne, Inbhir Narann; Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis; Acadamaidh Inbhir Pheofharain; agus Acadamaidh Inbhir Narainn. Tha earrann a dhà den aithisg a’ toirt seachad mion-fhiosrachadh goirid air a’ phròiseas chonaltraidh. Tha earrann a trì den aithisg a’ toirt seachad beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach air an cur an cèill le luchd-comhairleachaidh. Tha earrann a ceithir a’ toirt seachad geàrr-chunntas air a’ bheachd san fharsaingeachd aig Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a’ mholadh. Aon uair ’s gum faigh iad an aithisg seo, tha an Achd ag òrdachadh gum feum a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca ullachadh. Bu chòir gum foillsichear an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle. Tha seo còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a’ mholadh, a rinn iad ath-sgrùdadh air a’ mholadh thùsail, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a’ phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh aca.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- buaidhean coltach a’ mholaidh air clann agus daoine òga sna sgoiltean; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a’ mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle an dùil a thig bho thoirt gu buil a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson na beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisge seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhachdan seo os làimh:

- frithealadh nan coinneamhan poblach bhiortail a chaidh a chumail air 5, 13 agus 19 Sultain 2023 mu dheidhinn molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn bhuntainneach a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte bho phàrantan is eile; agus
- tadhalan air làraichean Bun-sgoil Bruach na Muilne, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Inbhir Pheofharain, Acadamaidh Inbhir Narainn, Acadamaidh Inbhir Pheofharain agus Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis. Thachair còmhraidhean le luchd-conaltraidh buntainneach an lùib seo.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh co-chomhairleachadh air a' mholadh/molaidhean aca a rèir [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Chuir a' chomhairle co-chomhairleachadh poblach air dòigh bho 21 Lùnastal gus 27 Dàmhair 2023. Bha lethbhreacan de sgrìobhainn a' mholaidh rim faotainn fad is farsaing, a' gabhail a-steach aig a h-uile gin de na 64 sgoiltean a chaidh ainmeachadh sa mholadh. Bha sgrìobhainn a' mholaidh ri faotainn ann an deich leabharlannan agus chaidh a foillseachadh air làrach-lìn na comhairle. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-ùidhe freagairt a thoirt don cho-chomhairleachadh le bhith a' coileanadh foirm no le bhith a' cleachdadh post-dealain. Fhreagair deichnear luchd-ùidhe don cho-chomhairleachadh, a' mhòr-chuid dhiubh nam pàrantan. Chuir a' chomhairle trì coinneamhan poblach air dòigh. Thachair iad seo aig Bun-sgoil Bruach na Muilne air 5 Sultain 2023, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis air 13 Sultain 2023, agus aig Bun-sgoil Inbhir Pheofharain air 19 Sultain 2023. Bha dusan ball den phoball an làthair aig a' choinneimh ann am Bun-sgoil Bruach na Muilne. Bha trìùir bhall den phoball an làthair aig a' choinneimh ann am Bun-sgoil Inbhir Pheofharain. Cha robh ball sam bith den phoball an làthair aig a' choinneimh ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Cha deach clann is daoine òga a cho-chomhairleachadh gu dìreach leis a' chomhairle. Bha clann is daoine òga air an co-chomhairleachadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh sna conaltraidhean againn.

2.3 Thog an luchd-ùidhe a fhreagair an co-chomhairleachadh raon de chùisean-iomagain agus chuir iad air adhart mar a dh'fhaodadh leasachaidhean a dhèanamh ris na molaidhean. Bha iad seo ceangailte ris a' churraicealam trì gu 18, còmhhdail is siubhal, comas ann an cuid a sgoiltean gus Foghlam Meadhan Gàidhlig a leudachadh agus mar a chaidh cuid a sgìrean a shònrachadh do sgìrean-sgoile. Fhreagair Comann nam Pàrant agus Bòrd na Gàidhlig ris a' cho-chomhairleachadh. Fhreagair Bòrd na Gàidhlig mar neach-co-chomhairleachaidh reachdail. Dh'aontaich an dà bhuidheann leis a' mholadh, air chumha grunn atharrachaidhean. Bha Bòrd na Gàidhlig a' faireachdainn gum bu chòir gluasad gu deifreach gus barrachd cothromais a leasachadh sa churraicealam àrd-sgoile aig Acadamaidh Inbhir Narainn. Bha iad a' tairgsinn gum faodadh iadsan comhairle a thoirt seachad air mar a dh'fhaodar seo a thoirt air adhart. Chuir Bòrd na Gàidhlig air adhart gum bu chòir don chomhairle stiùireadh soilleir a thoirt seachad air iartasan airson àite, gus taic a thoirt do phàrantan a bha airson am pàiste aca a bhith air a theagasg taobh a-muigh na sgìre-sgoile aca. Dh'aontaich Comann nam Pàrant le iomadh taobh den mholadh. Bha iadsan a' faireachdainn gun robh pàrantan nas buailtiche a bhith a' taghadh solarachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, gu h-àraid a chionn 's gun robh mòran phàrantan a' siubhal don bhaile airson obair. Dh'ainmich iad cuideachd na buannachdan a tha aig a h-uile sgoil Ghàidhlig. Thog an dà bhuidheann cùisean a thaobh siubhal agus còmhhdail. Chuir Comann nam Pàrant cuideam air mar a dh'fheumas roghainnean siubhail a bhith tarraingeach do phàrantan, seach rudeigin a bhiodh gam bacadh bho bhith a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cur an cèill an co-theacsa airson aithris nan sochairean foghlaim aca agus iad airson toraidhean a choileanadh a thaobh Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017, agus a' phlana Ghàidhlig aca. Tha a' chomhairle a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air a' ghealltanais aca a bhith a' cumail orra a' cur am meud àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, a bhios cuideachd a' faighinn nam buannachdan uile a thig à dà-chànanachas. Tha iad a' toirt iomradh air coileanadh nan toraidhean a thaobh luach as fheàrr airson na seirbheise aca. Tha a' chomhairle a' faireachdainn gum bi cur an cèill nan sgìrean-sgoile a' soilleireachadh do phàrantan mar a gheibh iad cothrom air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gun tig sochairean às a' chuid bu mhotha de na tha a'

chomhairle a' moladh. Feumaidh a' chomhairle fhathast, ge-tà, gnìomhan cudromach a ghabhail gus leasachadh a bharrachd a thoirt air na sochairean foghlaim a dh'fhaodadh tighinn às a' mholadh aca.

3.2 B' e aon chùis-iomagain chudromach am measg luchd-ùidhe dè cho math 's a bhios na molaidhean, ma thathar a' gabhail riutha, a' toirt gu buil curraicealam 3 gu 18 a tha sàr-mhath, co-sheasmhach agus cothromach. Tha luchd-ùidhe ag aithneachadh cho cudromach 's a tha curraicealam deagh phlanaichte airson ìrean àrda de dh'fhileantachd ann an Gàidhlig a ruigsinn. Gheibhear mion-fhiosrachadh air seo ann am paragrafan 3.3 agus 3.4.

3.3 A thaobh na sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson sgìre Inbhir Pheofharain, thog luchd-ùidhe cùisean-iomagain a chionn 's nach eil sgoil-àraich (tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne) ri faotainn an sin an-dràsta. A thaobh sgìrean-sgoile Inbhir Nis agus Inbhir Narann, chuir luchd-ùidhe cuideam air a' phuing gu bheil comasachd airson chlàrachaidhean ga ruigsinn aig sgoil-àraich. Bu chòir don chomhairle a dhèanamh soilleir san aithisg dheireannaich aca mar a gheibh pàrantan cothrom air sgoil-àraich.

3.4 Thog luchd-ùidhe ann an Inbhir Narann cùisean-iomagain nach robh gu leòr den churraicealam ri fhaotainn tro bhogadh ann an Gàidhlig aig ìrean àrd-sgoile. Airson grunn dhaoine òga taobh a-staigh na sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson Inbhir Narann, bhiodh buannachdan foghlaim gan lùghdachadh a chionn 's nach rachadh aca air Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis a fhrithéaladh. Gu sònraichte, bidh daoine òga a' faighinn cothrom air tairgse curraicealaim nas tàillearaichte tron Ghàidhlig le bhith a' frithealadh foghlam àrd-sgoile ann an Inbhir Nis. Aig an aon àm, dh'aithnich luchd-ùidhe cho cudromach 's a tha e gu bheil Foghlam Meadhan Gàidhlig ri fhaotainn ann an sgìrean ionadail. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum bu chòir cothrom a bhith aig clann is daoine òga air curraicealam trì gu 18 anns a bheil foghlam bogaidh ri fhaotainn a rèir Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017. Fhad 's a tha Acadamaidh Inbhir Narainn a' togail na tairgse curraicealaim aca, tha cuid a phàrantan toilichte a bhith a' cumail orra a' cleachdadh na h-àrd-sgoile ionadail. Dhaibhsan nach eil toilichte sin a dhèanamh, bu chòir an roghainn a bhith ann am pàiste aca a chur gu Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, le còmh-dhail an-asgaidh air a sholarachadh a dh'aon-ghnothach. Feumaidh a' chomhairle planadh a bharrachd a dhèanamh le luchd-teagaisg ann an Inbhir Narann gus ro-innleachd a leasachadh airson curraicealam a sholarachadh a bhios a' toirt seachad leantainneachd agus adhartas ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir gu bheil seo a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' riarachadh gu leòr de luchd-obrach gus an curraicealam a phlanadh airson sgoilearan fa leth agus airson bhuidhnean beaga de dhaoine òga a tha ag ionnsachadh tron Ghàidhlig aig na h-ìrean bun-sgoile. Feumaidh an togalach ùr airson Acadamaidh Inbhir Narainn taic a thoirt do chruthachadh àrainneachd bogaidh. Bu chòir gu bheilear a' toirt taic do luchd-obrach aig a bheil miann-adhartais Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a theagasg do dhaoine òga.

3.5 Thug a' chomhairle fiathachadh do luchd-ùidhe moladh a thoirt seachad air mar a bu chòir sgoiltean a bhith air an riarachadh do sgìrean-sgoile. Chuir grunn luchd-ùidhe atharrachaidhean air adhart, air am bu chòir don chomhairle beachdachadh. Airson cuid a chlachain nas lugha, leithid Àird nan Saor agus Crothaidh, chuir grunn luchd-ùidhe air adhart gum bu chòir do chlann is daoine òga Foghlam Meadhan Gàidhlig a fhrithéaladh ann an Inbhir Narann seach a bhith air an riarachadh do dh'Inbhir Nis. Bha iad a' faireachdainn gun robh seo nas tarraingiche do phàrantan agus gum biodh e a' cur ri clàrachaidhean ann an Inbhir Narann. Chuir grunn luchd-ùidhe air adhart gum bu chòir do chlann is daoine òga a tha a' fuireach sa Mhanachainn a bhith air an gabhail a-steach san sgìre-sgoile airson Inbhir Pheofharain seach Inbhir Nis. Tha an sgìre-sgoile làithreach airson foghlam tro mheadhan na Beurla aig Acadamaidh na Cananaich ga riarachadh eadar na solarachaidhean airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Inbhir Pheofharain agus Inbhir Nis. Bha cha mhòr a h-uile neach-ùidhe ag aontachadh le mar bu chòir na sgìrean ainmichte seo

a bhith air an riarachadh, cho fad 's a tha ullachaidhean èifeachdach agus cothromach gan solarachadh gu cunbhalach airson còmh dhail agus siubhal.

3.6 Bu chòir don chomhairle barrachd soilleireachd is taic a thoirt seachad air siubhal is còmh dhail. Gu h-àraid, a thaobh Aird nan Saor is Crothaidh gu Inbhir Narann; Alanais, a' Mhanachainn, Cromba, Cùil Bhàicidh, Poll Lochaidh agus an Todhar gu Inbhir Pheofharain, agus Abhach agus Ceasag a Tuath gu Inbhir Nis. Stèidhte air iarrtas, an-dràsta thathar a' cleachdadh tagsaidhean is meanbh-bhusaichean. Tha pàipear a' mholaidh bhon chomhairle a' cur air adhart ullachaidhean siubhail stèidhte air sgìrean-sgoile làithreach nan àrd-sgoiltean foghlam tro mheadhan na Beurla. Ann an Inbhir Nis, mar eisimpleir, nan robh na daoine òga a' cleachdadh nan ullachaidhean siubhail a th' ann an-dràsta, dh'fheumadh iad ceanglaichean còmh dhail a bharrachd fhaighinn gu Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, ma bha am moladh ri dhol air adhart. Bhiodh seo a' cur ri fad is cosgais latha-sgoile nan daoine òga. Ann am pàipear a' mholaidh, tha ullachaidhean siubhail air an obrachadh a-mach stèidhte air an astar bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil. Chan eil seo a' toirt fa-near sgìrean iomallach, agus fèin-fhios beatha chloinne is dhaoine òga a thaobh siubhal airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir don chomhairle ullachaidhean siubhail a chur air adhart a tha sònraichte do sgìrean-sgoile airson na Gàidhlig agus cosgais airson phàrantan a sheachnadh. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach nach eil còmh dhail, siubhal is cosgais mar bhacadh do phàrantan a tha airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a thaghadh. Nuair a tha iad a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig, feumaidh clann is daoine òga a bhith a' fìdreadh sàr-mhathas, cothromas, co-ionannachd agus cothromachd. Bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil na measaidhean buaidh buntainneach gan gabhail os làimh, a' gabhail a-steach measaidhean buaidh air co-ionannachd is air sgìrean dùthchail. Bu chòir dhaibh fiosrachadh a thoirt seachad air ullachaidhean dìon airson chlann òga agus iad a' siubhal air còmh dhail, a' gabhail a-steach gu bheil clann òga air an toirt glè fhaig air an sgoil aca. San aithisg dheireannaich aca, bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur an cèill a h-uile astar mhiltean eadar sgoiltean. Tha grunn dhiubh air an dearmad ann am pàipear a' mholaidh. Feumaidh a' chomhairle a bhith nas soilleire air mar a nì iad co-dhùnadh air 'ullachaidhean practaigeach' a thaobh cleachdadh còmh dhail a th' ann mar-thà. Bu chòir dhaibh soilleireachadh a thoirt seachad air na suidheachaidhean is co-theacsaichean a dhleasas còmh dhail le tagsaidh no meanbh-bhus. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach ath-mhisneachadh mu ullachaidhean siubhail làithreach airson sgoilearan agus am bràithrean/peathraichean. Tha an àireamh de sgoiltean a tha a' tairgsinn Foghlam Meadhan Gàidhlig fada nas lugha na an àireamh a tha a' tairgsinn foghlam tro mheadhan na Beurla. Tha a' phuuing seo a' ciallachadh gum feum a' chlann is daoine òga barrachd siubhail a dhèanamh co-dhiù. Bu chòir don chomhairle ath-bhreithneachadh a dhèanamh air mar a tha iad a' toirt cunntas air cosgais siubhail mar rudeigin 'a bharrachd' nuair a tha cumail suas na Gàidhlig na phrìomhachas nàiseanta, air am fighe a-steach ann an reachdas, le nas lugha de sgoiltean Gàidhlig rim faotainn.

3.7 Dh'iarr luchd-ùidhe cuideachd gum bi sgoiltean a' gleidheadh àiteachan gu leòr airson Foghlam Meadhan Gàidhlig far a bheil àireamh sgoile a' dol am meud agus far a bheil cuibhreachaidhean ann san fharsaingeachd air cead tighinn a-steach. Bu chòir don chomhairle beachdachadh air gu bheil am poileasaidh aca airson Gàidhlig a' gabhail a-steach toirt seachad àiteachan gu leòr airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, a bharrachd air iarrtasan airson àite a tha a' toirt taic do Fhoghlam Meadhan Gàidhlig.

4. Geàrr-chunntas

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' coileanadh nan dleastanasan reachdail aca a thaobh cur air bhonn sgìrean-sgoile airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bha cha mhòr a h-uile neach-ùidhe a choinnich ri Luchd-sgrùdadh an Rìgh a' toirt taic do na molaidhean, le grunn atharrachaidhean is soilleireachadh. Bhruidhinn luchd-ùidhe, gu h-àraid clann is daoine òga, mu dheidhinn an cuid

shoirbheachasan agus pròis ann a bhith fileantach sa Ghàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum bu chòir sgìrean-sgoile a stèidheachadh, air chumha nan gnìomhan a tha sinn a' moladh ann an earrann a trì den aithisg seo. Ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean, bu chòir don chomhairle cumail orra ag obair le luchd-ùidhe gus dèanamh cinnteach gu bheil a' goireasachadh curraicealaman sàr-mhath airson Foghlam Meadhan Gàidhlig airson trì gu 18 agus àrainneachdan bogaidh anns a h-uile gin de na buidhnean a tha air an comharrachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean còmh-dhalach is siubhail ann a tha sàbhailte, èifeachdach agus an-asgaidh agus a sheasas ris an àm, air chor 's nach eil cnapan-starra ann, a' gabhail a-steach cosgaisean, a thaobh cothrom fhaighinn air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Ann an sgoiltean far a bheil àireamhan na sgoile a' dol am meud, agus barrachd mheudachaidhean gan ro-mheasadh, bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach du bheil planadh airson an ama ri teachd a' cumail suas ris an iarrtas airson Gàidhlig.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An t-Samhain 2023